

Bìoball airson na Cloinne

A'cur fan comhair

Gealladh Dhè do Abrahàm



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Maillot; Tammy S.


Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org

©2025 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

1



Fada às dèidh na tuile, rinn
daoine air an talamh plana.
"Togaidh sinn baile mòr, mòr le
tùr a' dol suas gu nèamh," thuirt
iad. "Bidh sinn uile a' fuireach
còmhla gu sìorraidh bràth."
Bha a h-uile duine


a' bruidhinn
an aon chànan.

2

Bha Dia airson gum biodh daoine a' fuireach air feadh an t-saoghail a bha e air cruthachadh. Air an adhbhar sin rinn e rudeigin iongantach.

Annas a' mhionaid, bha buidhnean dhaoine a' bruidhinn ann an diofar dhòighean. Bha e air cànan eadar-dhealaichte

a thoirt dhaibh.




3

Dh'fhalbh daoine a bha a' bruidhinn an aon chànan a dh'fhuireach còmhla ann an àiteachan eile. Is dòcha gun tàinig eagal orra ro dhaoine eile nach tuigeadh iad.




4

Annas an dòigh seo, thug Dia air daoine dùthchannan eadar-dhealaichte a lionadh. 'S e Bàbel an t-ainm a bh' air a' bhaile a dh'fhàg iad, a tha a' ciallachadh 'troimh-a-chèile'.



5

Bliadhnaichean às dèidh seo, ann an àite air an robh Ur nan Caldèach, bhruidhinn Dia ri fear air an robh Abram. "Fàg an tìr seo," thuirt Dia. "Theirig don tìr a sheallas mise dhut."




6

Rinn Abram sin. Stiùir Dia e gu tìr air an robh Canaan. Chaidh a bhean, Sàrai, agus mac a bhràthar, Lot, còmhla ris.



7

Ann an Canaan, dh'fhàs Abram agus Lot beairteach. Bha tòrr sprèidh aca. Cha robh fear gu leòr ann airson na bh' aca de chrodh.



8

Chaidh buachaillean Lot a-mach air buachaillean Abram. "Na biodh trod sam bith ann," ars Abram. "Dealaichidh sinn. Lot, gheibh thusa a' chiad chothrom fearann a ghabhail dhut fhèin."




9

Ghabh lot fearann rèidh, feurach air an robh bailtean beaga is mòra. Bha e a' coimhead math. Ach 's e àiteachan glè olc a bh' anns na bailtean mòra.



10

Às dèidh do Lot fàgail, bhruidhinn Dia ri Abram. "Bheir mi an talamh gu lèir ann an Canaan dhut fhèin agus do shliochd gu sìorraidh." Cha robh clann aig Abram agus Sàrai. Ciamar a




b' urrainn do Dhia an gealladh seo a chumail?"

11



Thàinig triùir dhaoine bho Dhia gu Abram agus Sàrai. "Bidh bèibidh agaibh a dh'aithghearr," thuirte iad. Thòisich Sàrai a' gàireachdainn. Cha robh i a' creidsinn facal Dhè.

12



Bha i naochad bliadhna a dh'aois. Dh'innis Dia do Abram gur e Abrahàm a bhiodh air a-nis ("athair iomadh duine") agus gur e Sàrah a bhiodh air Sàrai ("bana-phrionnsa").

13



Dh'innis Dia cuideachd do Abrahàm gu robh E dol a sgrios an dà bhaile olc, Sòdom agus Gomorrah. Bha mac bràthar Abrahàm, Lot, a' fuireach ann an Sòdom.


14

Chreid Lot rabhadh Dhè nuair a thàinig e, ach dhiùlt fir-cèile a nigheanan Sòdom fhàgail. Abair call! Cha robh iad a' creidsinn facal Dhè.




15

Cha d' fhuair ach Lot agus a dhithis nighean a-mach sàbhailt. Thuit pronnasg agus teine air na bailtean olca.




16

Cha do dh'èist bean Lot ri rabhadh Dhè agus sheall i air ais fhad 's a bha i a' ruith air falbh agus thuinndaidh i na creig salainn.




17

Chùm an TIGHEARNA A ghealladh do Abrahàm agus Sàrah. Fhuair iad bèibidh agus iad glè aosta, dìreach mar a thuirtd Dia a thachradh. Abair gun do rinn iad toileachas ri Isaac nuair a rugadh e!



18


Is dòcha gu robh Abrahàm a' smaoinichadh cuideachd air gealladh Dhè gun toireadh E tìr Chanàin dha



fhèin is dha shliochd gu bràth.

19

Chumadh Dia an gealladh sin cuideachd. Bidh Dia an còmhnaidh a' cumail a gheallaidhean.



20

Gealladh Dhè do Abrahàm

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

Genesis 11 - 21

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

21




4



60

22



A' Chrìoch

Tha sgeul a' Bhiobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

23